

Amnesty Eadar-nàiseanta

# TRÀILLEACHD AN-DIUGH

## CÒIRICHEAN A' CHINNE-DAONNA SA CHURRAICEALAM

Stòras air còirichean a' chinne-daonna a chaidh a dheasachadh airson a' Churraicealaim Albannaich airson Sàr-mhathais. Freagarrach do dh'obair air Eachdraidh, Foghlam Creideimh agus Moralta, Foghlam Pearsanta, Sòisealta agus Slàinte agus obair thar-churraicealaim air saoranachd. Do sgoilearan 14+.

### CÙL-FHIOSRACHADH

*'Tràilleachd...cha robh fios agam gu robh uiread de sheòrsaichean ann. Saoilidh mi gur e an t-adhbhar airson sin nach eil dùil againn ris. Tha e falaichte. Mar as tric cha chreideadh daoine gun gabhadh e a bhith anns an t-saoghal sa bheil sinn beò. Chanadh iad "Tha thu ga dhèanamh an-àirde," airson gu bheil e cho duilich a chreidsinn...'*

**Àrd-easbaig Desmond Tutu<sup>1</sup>**

Chaidh malairt thràillean thar a' Chuain Siar a thoirmeasg 200 bliadhna air ais am-bliadhna agus bidh mòran sgoiltean airson cuimhneachan an tachartais sin a chumail. Ach, tha dòighean tràilleachd ùra ann an-diugh – tha e air a thuairmeas gu bheil co-dhiù 12 millean fir, boireannaich agus clann nan tràillean air feadh an t-saoghail.<sup>2</sup> Tha an stòras seo airson aire sgoilearan a thogail mu na diofar seòrsaichean tràilleachd ùr, a' coimhead gu sònraichte air malairt dhaoine, an dòigh tràilleachd as luaithe a tha a' fàs an-diugh.

Bidh luchd-malairt dhaoine a' toirt dhaoine air falbh bhon dachaighean le foill no fòirneart agus gan cumail ann am braighdeanas, a' toirt orra a bhith ag obair no a bhith ri siùrsachd. Tha buidhnean iomairt leithid Amnesty Eadar-nàiseanta, Anti-Slavery International agus UNICEF ag iarraidh gun tèid cur às don h-uile seòrsa tràilleachd agus gun cur riaghaltasan an gnìomh an Coinbheisean Eòrpach An Aghaidh Malairt Dhaoine.

<sup>1</sup> Hull, RA 1999.

<sup>2</sup> Staitistearachd bhon ILO (Buidheann Obrach Eadar-nàiseanta, buidheann nan Dùthchannan Aonaichte air còirichean obrach) aithisg 2005 'A global alliance against forced labour'.

[www.amnesty.org.uk/scotlandeducation](http://www.amnesty.org.uk/scotlandeducation)

**GLÈIDH AN CINNE-DAONNA**



## Mu dheidhinn an stòrais seo

Tha stuth anns an stòras seo airson aon leasan no dhà. Faodar na gnìomhan a dhèanamh leotha fhèin no mar phàirt de sgeama-obrach air cuspairean a bhuineas riutha.

Tha an stòras seo na phàirt den t-sreath aig Amnesty Eadar-nàiseanta air Còirichean a' Chinne-daonna sa Churraicealam, a' togail aire mu chùisean co-cheangailte ri còirichean a' chinne-daonna tro ghnìomhan a bhuineas ris a' churraicealam.

Airson tuilleadh stòrasan an-asgaidh faic [www.amnesty.org.uk/scotlandeducation](http://www.amnesty.org.uk/scotlandeducation)

## Amasan ionnsachaidh

- Ionnsachadh mu na diofar sheòrsaichean tràilleachd a th' ann an-diugh.
- Cùis a tha sna naidheachdan an-dràsta (malairt dhaoine) a sgrùdadh agus pàirt a ghabhail ann an deasbadan buidhne air a' chuspair.
- Cleachdadh mac-meanmna agus co-fhaireachdainn airson smaoineachadh mu rudan a tha a' tachairt ri daoine eile seach thu fhèin.
- Beachdachadh ciamar as urrainn do dhaoine fa leth uallach a ghabhail orra fhèin (me tro roghainnean ceannaich) airson còirichean dhaoine eile.
- Eòlas fhaighinn air a' Choinbheinsean Eòrpach An Aghaidh Malairt Dhaoine agus beachdachadh a bheil e a' dol fada gu leòr airson na daoine a thig fo bhuidhne malairt thràilleachd a dhìon.

## Stòrasan

A thuilleadh air na duilleagan-obrach, feumaidh tu:

- Ceangal eadar-lìn airson leudachadh/Obair-dachaigh air Gnìomh 6

## Cothroman TFC

- Rannsachadh eadar-lìn agus taisbeanadh TF (Gnìomh 6)

## Còirichean a' chinne-daonna

Buinidh na h-altan a leanas den Ghairm Choitcheann air Còirichean a' Chinne-daonna (GCCCD) ris a' ghnìomh seo:

### Alt 4

Chan fhaod neach sam bith a bhith air a chumail ann an tràilleachd.

### Alt 5

Chan fhaod neach sam bith a bhith air a chiùrradh, no làimhseachadh no peanasachadh fhulang a tha an-ìochdmhor, neo-dhaonnach no a tha ga thruaillleadh.

### Alt 13

Tha còir aig a h-uile duine air saorsa gluasaid.

### Alt 23

Tha còir aig a h-uile duine air obair, roghainn-obrach shaor, suidheachadh obrach a tha cothromach agus fàbharach agus dìon bho chall cosnaidh.

### Alt 25

Tha còir aig a h-uile duine air càileachd beatha reusanta airson... slàinte is maitheas, a' gabhail a-steach biadh, aodach, dachaigh, cùram slàinte agus seirbheisean sòisealta riatanach.

# TRÀILLEACHD AN-DIUGH GEÀRR-CHUNNTAS LEASAIN



## Ro-ràdh

Innis don chlas gum bi sibh a' bruidhinn air tràilleachd, ach na bruidhinn air 'tràilleachd an-diugh' no 'malairt dhaoine' fhathast.

Minich gu bheil thu dol a dh'iarraidh air na sgoilearan eacarsaich smaoineachaidh a dhèanamh an-toiseach a leigeas leotha beachdachadh air a' chùis. Iarr orra an sùilean a dhùnadh gus am bi e nas fhasa dhaibh an inntinn a chumail air a' chuspair. Feumaidh iad èisteachd ri do cheistean agus faicinn dè chì iad nam mac-meanmna.

## GNÌOMH 1

### EACARSAICH SMAOINEACHAIDH

#### Stiùireadh don chlas

Smaoinich mu dheidhinn tràill. Co ris a tha an tràill sin coltach? Dè tha an tràill a' dèanamh? Càite bheil iad a' fuireach? A bheil iad beò ann an àm sònraichte ann an eachdraidh? Feuch ri uiread brìgh 's as urrainn dhut a chur anns na freagairtean agad. (faighnich na ceistean a-rithist).

Airson beachdan fhaighinn bhon chlas, iarr orra làmh a chur an-àirde ma fhreagair iad na ceistean anns na dòighean seo:

Cuir làmh an-àirde ma smaoinich sibh air tràill a bha:

- Boireann
- Na leanabh
- Beò an-diugh
- A' dèanamh obair-taighe, leithid còcaireachd agus glanadh?
- A' fuireach san dùthaich seo
- De chinneadh geal

#### Beachdan/amasan ionnsachaidh

Dh'fhaodadh gun do smaoinich mòran sa chlas air an t-seòrsa tràill a bh' ann nuair a bha malairt thràillea a' Chuain Siar a' dol, gu h-àraidh ma bha iad ag ionnsachadh ma dheidhinn ann an clas Eachdraidh.

Minich don chlas gu bheil e air a thuairmeas gu bheil co-dhiù 12 millean fir, boireannaich agus clann nan tràillea air feadh an t-saoghail an-diugh.<sup>3</sup> Tha tràilleachd ri lorg fiù anns an RA agus tha buaidh aige air daoine de gach aois agus cinneadh. Minich na h-amasan ionnsachaidh airson a' chòrr den leasan: ionnsachadh mu na diofar sheòrsaichean tràilleachd a th' ann an-diugh, gu h-àraidh malairt dhaoine, agus sgrùdadh cùise a dhèanamh air cuid de na daoine air an tug e buaidh.

<sup>3</sup> Staitistearachd bhon ILO (Buidheann Obrach Eadar-nàiseanta, buidheann nan Dùthchannan Aonaichte air còirichean obrach) aithisg 2005 'A global alliance against forced labour'.

## GNÌOMH 2



### DÈ TH' ANN AN TRÀILL?

- Ann am paidhrichean, bu chòir sgoilearan am mìneachadh fhèin air an fhacal seo a lorg.
- An uair sin bidh an clas gu lèir a' cur am beachdan còmhla agus a' lorg mìneachadh air a bheil a h-uile duine ag aontachadh.
- Is dòcha gum bi cuid de na smuaintean a leanas sa mhineachadh:

Is e tràill cuideigin:

- A dh'fheumas obair fo bhagairt inntinn no cuirp
- A tha an seilbh no fo smachd 'neach-fastaidh'
- Fo chuing chorporra no air am bacadh air dòigh 's nach eil saorsa gluasaid aca
- Gan làimhseachadh mar nach e daoine a th' annta
- Air an ceannach 's an reic mar 'bathar'

## GNÌOMH 3



### EISIMPLEIREAN AIR TRÀILLEACHD AN-DIUGH

- Sgrìobh sia seòrsaichean ‘tràilleachd an-diugh’ air a’ chlàr anns an òrdugh seo:  
 Saothair fo èiginn  
 Tràilleachd feise  
 Saothair cloinne  
 Saothair cheangailte  
 Pòsadh fo èiginn  
 Tràilleachd air sgàth inbhe
- Cuir na sgoilearan ann am paidhrichean no buidhnean beaga agus bheir dhaibh an duilleag-obrach ‘Mìneachadh air Tràilleachd An-diugh’.
- Iarr air gach paidhir obrachadh a-mach mìneachadh mu choinneamh gach ainm. Bu chòir do na sgoilearan na freagairtean a lorg le bhith a’ leughadh gach mìneachaidh gu cùramach agus coimhead airson faclan cudromach.

#### Freagairtean

- 1 Saothair cloinne
- 2 Saothair cheangailte
- 3 Saothair fo èiginn
- 4 Pòsadh fo èiginn<sup>4</sup>
- 5 Tràilleachd air sgàth inbhe
- 6 Tràilleachd feise

#### A’ mìneachadh malairt dhaoine

Minich gum bi sibh a’ coimhead airson a’ chòrr den leasan air dòigh tràilleachd eile a th’ ann an-diugh, malairt dhaoine. Sgrìobh air a’ chlàr na trì prìomh feartan de mhalairt dhaoine:

- **Glusad neach:** ma tha neach ga mhalairt tha iad air an gluasad bhon dachaigh agus an teaghlach, gu àite eile san aon dùthaich no gu dùthaich eile.
- **Le foill no fòirneart:** is dòcha gun deach neach a tha ga mhalairt a ghoid le fòirneart no gun deach brath a ghabhail orra le caraid no ball teaghlach san robh earbsa aca no le buidheann a gheall beatha nas fheàrr dhaibh no obair le deagh phàigheadh.
- **Ann an suidheachadh èiginn:** is dòcha gum bi daoine a tha air am malairt ag obair an aghaidh an toil no glaiste ann an obair air fìor dhroch phàigheadh.

<sup>4</sup> Nòta: Chan e an aon rud a th’ ann am pòsadh fo èiginn ri pòsadh air rèite. Anns an dàrna suidheachadh, faodar an cèile a thaghas na pàrantan a dhiùltadh. Bidh pòsadh fo èiginn a’ tachairt san RA. Mar sin, feumar a bhith mothachail air seo agus cùramach nuair a thathas a’ bruidhinn air, air eagal ‘s gu bheil cuideigin sa chlas, no aon de na càirdean aca, sa chàradh seo. Cuideachd bu chòir a bhith mothachail air stereotaidhpeadh – chan eil pòsadh fo èiginn dìreach a’ buntainn ri aon chinneadh no creideamh. Gheibhear stiùireadh riaghaltais air ‘Dèiligeadh ri pòsadh fo èiginn’ aig [www.publications.teachernet.gov.uk/eOrderingDownload/FCO%2075263.pdf](http://www.publications.teachernet.gov.uk/eOrderingDownload/FCO%2075263.pdf)

**GNÌOMH 3** a' leantainn**MÌNEACHADH AIR TRÀILLEACHD AN-DIUGH****Saothair cloinne**

- 1 Nuair a tha an neach-obrach fon aois-obrach laghail as isle. Feumaidh mòran òigrìdh obair a chionn gu bheil iad bochd agus nach dèan iad a' chùis gun an airgead. Is fheàrr le luchd-fastaidh clann a ghabhail a chionn nach eil e cho coltach gun dèan iad gearan mu droch phàigheadh is droch shuidheachadh obrach.

**Saothair cheangailte**

- 2 Nuair a dh'fheumas duine obair airson iasad a phàigheadh air ais. Uaireannan is e 'braighdeanas fhiachan' an t-ainm a th' air. Gu tric, gheibh an neach-obrach obair agus taigh mar 'phàigheadh' air an cuid obrach, ach is dòcha nach pàigh iad an t-iasad air ais gu bràth agus gun lean am braighdeanas ris an t-sliochd aca fad ghinealaich.

**Saothair fo èiginn**

- 3 Nuair a tha daoine air am fastadh gu mì-laghail le daoine, riaghaltasan no pàrtaidhean poilitigeach agus air an cur a dh'obair an aghaidh an toil. Thathas a' bagairt fòirneart no peanasan eile air na daoine seo agus mar as tric chan fhaigh iad ach pàigheadh glè ìosal ma gheibh iad dad idir.

**Pòsadh fo èiginn**

- 4 Nuair a thathas a' toirt air nighean no boireannach pòsadh gun cead aice diùltadh. Bidh mòran air an cumail mar thràillean leis na fir aca agus glè thric bidh iad a' fulang fòirneart.

**Tràilleachd air sgàth inbhe**

- 5 Nuair a tha daoine air am breith do 'bhuidheann' a tha càch a' meas mar thràillean. Faodaidh seo a bhith air sgàth clas sòisealta no cinneadh. Tha na daoine sa bhuidhinn seo a' fulang claon-bhreith fad am beatha agus chan fhaod iad taghadh dè seòrsa obrach a nì iad no cò dha a bhios iad ag obair.

**Tràilleachd feise**

- 6 Mar as tric is e clann-nighean is boireannaich a dh'fhuilingeas an seòrsa tràilleachd seo, ach uaireannan bidh balaich òga ga fhuilang cuideachd. Feumaidh na daoine seo seirbheisean feise sam bith a thèid iarraidh orra a thoirt seachad. Mar as tric thèid an cur fo ghlas agus bidh iad tric air an droch làimhseachadh no fo bhagairt fòirneart agus droch dhiol drabasta. Cuimhnich gur e èigneachadh a th' ann an cleamhnas an aghaidh toil.

## GNÌOMH 4



### SGRÙDAIDHEAN CÙISE AIR MALAIRT DHAOINE

- Roinn an clas ann am buidhnean beaga.
- Bheir aon sgrùdadh cùise do gach buidheann (faic duilleagan 11-13) air cuideigin a dh'fhuing malairt dhaoine.<sup>5</sup> Thoir fa-near: Tha mòran a thig fo smachd luchd-malairt thràillean a' fulang fòirneart agus droch dhiol drabasta. Ma shaoileas tu gu bheil cuid de na cùisean nach eil freagarrach don chlas agad, faodaidh tu am fàgail a-mach.
- Bheir an tionndadh ann an cànan simplidh den Ghairm Choitcheann air Còirichean a' Chinne-daonna do gach buidheann (faic duilleag 14).
- Iarr air gach buidheann sealltainn ris an sgrùdadh cùise aca agus na ceistean a leanas a fhreagairt:
  1. Carson a thàinig an neach seo an lùib malairt dhaoine?
  2. Dè a bhrosnaich an luchd-malairt?
  3. a) Ciamar a chaidh an neach a chaidh a mhalairt a làimhseachadh?  
b) A bheil seo a' tighinn ris a' mhìneachadh agad air tràilleachd?
  4. Dè na còirichean cinne-daonna a chaidh a dhiùltadh dhan an neach a chaidh a mhalairt?
  5. Carson a bha e cho duilich don neach seo faighinn às an t-suidheachadh san robh iad?
- Nuair a tha na buidhnean deiseil, iarr orra na freagairtean aca innse do chàch agus mar sin an sgrùdadh cùise aca a mhìneachadh don chlas.
- Tha smuaintean a chuidicheas leis na freagairtean ann an clò Eadailteach seo shìos

#### Freagairtean

1. Carson a thàinig an neach seo an lùib malairt dhaoine?  
Bha e/i bochd agus bha cothroman a dhìth orra; cha robh am pàrantan/ a' choimhearsnachd a' gabhail cùram ceart dhiubh; cha robh taic ann dhaibh no fios aca càite am faigheadh iad cuideachadh.
2. Dè a bhrosnaich an luchd-malairt?  
Sannt airgid; bha iad ag iarraidh luchd-obrach air pàigheadh ìosal (airson prìsean bathair a chumail sìos).
3. a. Ciamar a chaidh an neach a chaidh a mhalairt a làimhseachadh?  
Innis an obair a bh' aca ri dhèanamh.  
b. A bheil seo a' tighinn ris a' mhìneachadh agad air tràilleachd?  
Seall ri mìneachadh a' chlas: Ma thugadh air an neach a chaidh a mhalairt obair an aghaidh an toil, ma bha iad uile gu lèir fo smachd an neach-fastaidh, ma bha an saorsa gluasaid aca air a chuingealachadh, tha seo uile a' tighinn ri mìneachadh air tràilleachd.
4. Dè na còirichean cinne-daonna a chaidh a dhiùltadh dhan an neach a chaidh a mhalairt?  
Altan 4, 5, 13, 23, 24, 25.


<sup>5</sup> Tha a h-uile sgrùdadh cùise fìor agus thàinig iad bho UNICEF, an Independent agus Eaves.



# GNÌOMH 5

## A' BACADH NA SLIGHE

- Thoir am mìneachadh sìmplidh a chithear gu h-ìosal de na h-adhbharan airson malairt dhaoine do na sgoilearan – dh'fhaodadh tu a chur air a' chlàr mar sruth-dhealbh.
- Iarr air a' chlas coimhead ri gach ceum air an t-slighe, agus beachdachadh dè ghabhadh dèanamh gach turas airson stad a chur air malairt dhaoine.
- Sgrìobh an-àirde na smuaintean aca, agus cuir na smuaintean gu h-ìosal riutha. Cleachd an cùl-fhiosrachadh airson na puingeann a mhineachadh.



### Cùl-fhiosrachadh Malairt Chothromach

Tha Malairt Chothromach a' gealltainn gu bheil suidheachadh obrach reusanta aig luchd-obrach agus gu faigh luchd-dèanamh prìs reusanta air a' bhathar aca. Tha airgead cuideachd ga thasgadh ann am pròiseactan leasachaidh airson cur às don bhochdainn. Airson tuilleadh fiosrachaidh faic [www.fairtrade.net](http://www.fairtrade.net)

### Malairt le Ceartas

Chan eil Malairt le Ceartas a' dol cho fada ri Malairt Chothromach – chan eil e a' gealltainn prìs chothromach airson bathar, agus chan eil e a' tasgadh ann am pròiseactan leasachaidh. Ach, tha e a' dèanamh cinnteach gu bheil còirichean bunaiteach ann don luchd-obrach, a' ciallachadh nach eil saothair cheangailte ga chleachdadh, no saothair fo èiginn, no saothair phrìosanach an aghaidh an toil, no obair-chloinne mhì-laghail.

Ma tha sgoilearan airson a bhith cinnteach gu bheil iad a' ceannach bathar nach eil a' cur taic ri malairt thràilleann, gheibh iad a-mach dè na bùithtean agus suaicheantasan a tha air aontachadh ris an Iomairt air Malairt le Ceartas le bhith a' dol gu [www.ethicaltrade.org/Z/abteti/who/memb/list.shtml#co](http://www.ethicaltrade.org/Z/abteti/who/memb/list.shtml#co)





## GNÌOMH 5 a' leantainn

### Innis don Phoileas

Ma tha sgoilearan amharasach gu bheil daoine ag obair an aghaidh an toil ann an taighean-òsta no thuathanais san sgìre aca fhèin bu chòir dhaibh innis don phoileas.

Anns an àm ri teachd is dòcha gun coinnich cuid de na sgoilearan ri daoine a chaidh a mhalairt mar thràillean feise.

Is e an fhìrinn gun cleachd mòran fhireannach Breatannach òg seirbheisean siùrsaich uair no uaireigin. Gu dearbh tha cuid a' faicinn seo mar chomharradh gu bheil iad air a thighinn gu ìre, no dìreach ga fhaicinn mar spòrs a-muigh 'air a' bhaile' còmhla ris na gillean eile. Dh'fhaodadh nach biodh e iomchaidh bruidhinn air obair siùrsachd ach leis na sgoilearan as sine, ach bidh am fiosrachadh gu h-ìosal feumail do dh'fhir òga gus an tuig iad, sam àm ri teachd, dè dìreach na roghainnean a tha iad a' dèanamh.

Tha làraich-lìn ann a bheir lèirmheas air taighean-siùrsachd agus na siùrsaich a th' anna. O chionn ghoirid sgrìobh fear air an làraich-lìn 'Na tèid ann, call airgid, chan fhiach e – chan eil a' chaileag deònach'. Goirid às dèidh seo rinn am poileas ionnsaigh air an taigh-siùrsachd seo agus fhuair iad gu robh cuid de na caileagan air am malairt agus air an cumail am bruid agus gu robhas a' toirt orra a bhith ri feise an aghaidh an toil. Is e èigneachadh a tha an seo.

Tha am poileas ag ràdh ma tha duine a tha air seirbheisean siùrsaich a chleachdadh an dùil gu bheil am boireannach sin ga cumail am bruid, gum bu chòir dha innse dhaibh. Cha chuir iad an aghaidh an duine ach seallaidh iad ri math a' bhoireannaich.

### An Coinbheisein Eòrpach An Aghaidh Malairt Dhaoine

San Fhaoilleach 2007 ghairm riaghaltas na RA gu poblach gu robh dùil aca ainm a chur ris a' Choinbheisein Eòrpach An Aghaidh Malairt Dhaoine.

Tha an lagh seo a' leigeil le daoine a chaidh a mhalairt mar thràillean:

- àm meòrachaidh (airson smaoinachadh air cùisean) de co-dhiù 30 làithean a bhith aca nuair a gheibh iad taic airson fàs nas fheàrr, a' gabhail a-steach àite-còmhnaidh sàbhailte agus cùram leighis èiginn;
- cead-còmhnaidh sealach airson daoine a chaidh a mhalairt agus a dh'fhaodadh a bhith ann an cunnart ma thilleas iad dhan an dùthaich aca fhèin, agus/no ma thig feum air, airson gun cuidich iad le cùis cùirt eucoireach.

Faighnich do na sgoilearan am beachdan air na molaidhean anns a' Choinbheisein. A bheil na ceuman a' toirt taic agus dìon gu leòr do dhaoine a dh'fhuiling malairt?

Tha buidhnean iomairt leithid Amnesty Eadar-nàiseanta ag iarraidh gealladh nas làidire

- Àm meòrachaidh de 90 làithean seach dìreach 30. Tha rannsachadh air a' bhuaidh air slàinte bhoireannach a chaidh am malairt mar thràillean airson obair-taighe agus feise a' sealltainn gur e seo an t-àm as giorra airson faighinn seachad air a' chuid as miosa de na thachair dhaibh agus tòiseachadh air roghainnean beachdail a dhèanamh.<sup>6</sup>

## GNÌOMH 5 a' leantainn

- Cead-còmhnaidh 6-mìosan a ghabhas ùrachadh agus nach eil an crochadh air cuideachadh le cùisean cùirte ach a bhios ann do dhaoine a tha an èiginn air sgàth 's na thachair dhaibh, nach eil sàbhailte no aig nach eil taic. Is e seo a tha a' tachairt san Eadailt far a bheil iad air ainm a chur ris a' Choinbheisein agus far a bheil iad air 3,000 binn a thoirt a-mach airson malairt thràillean.
- Taic agus àite-còmhnaidh freagarrach, reusanta agus maoinichte a libhrigeadh leis na h-eòlaichean iomchaidh, le sùim ri feuman nan daoine a dh'fhuiling (me teàrmann do boireannaich a dh'fhuiling tràilleachd feise, buidhnean cùram cloinne speisealta msaa).

<sup>6</sup> Rannsachadh leis an neach-obrach air poileasaidh slàinte phoblaich Dr Cathy Zimmerman, Sgoil Lunnainn airson Slàinteachas agus Leigheas Tropigeach, anns an aithisg aice ann an 2006 'Stolen Smiles', a bha stèidhichte air rannsachadh fad dà bhliadhna a' dèanamh agallamhan le boireannaich a chaidh am malairt air feadh na Roinn Eòrpa.



**GNÌOMH 6**

## LEUDACHADH/OBAIR-DHACHAIGH AG AITHRIS AIR TRÀILLEACHD AN-DIUGH

Iarr air na sgoilearan aithris naidheachd a sgrìobhadh air malairt thràillean. Dh'fhaodadh iad aithris sgrìobhte a dhèanamh do phàipear-naidheachd, aithris 'rèidio' a dhèanamh no cluich mas-e-fior airson program naidheachd air T.Bh. Is e amas na h-aithris aire a thogail mu mhalairt thràillean agus tràilleachd an-diugh, agus innse dè ghabhas dèanamh gus stad a chur air.

Bu chòir na leanas a bhith san aithris:

- Mineachadh dè tha malairt dhaoine a' ciallachadh, le eisimpleirean
- Mineachadh ciamar a dh'fhaodas ceannach bathair tro mhalairt chothromach/le ceartas cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri seo agus dòighean tràilleachd eile san latha an-diugh
- Mineachadh dè dh'fhaodadh riaghaltas na RA a dhèanamh gus dèiligeadh ri malairt thràillean.

Dh'fhaodadh sgoilearan TFC a chleachdadh airson an obair aca a sgrìobhadh/ thaisbeanadh.

Làraich-lìn fheumail:

[www.amnesty.org.uk/svaw](http://www.amnesty.org.uk/svaw)  
[www.crimereduction.gov.uk/toolkits/tp00.htm](http://www.crimereduction.gov.uk/toolkits/tp00.htm)  
[www.antislavery.org/homepage/antislavery/trafficking.htm](http://www.antislavery.org/homepage/antislavery/trafficking.htm)  
[www.ecpat.org.uk](http://www.ecpat.org.uk)  
[www.ilo.org](http://www.ilo.org)  
[www.fairtrade.net](http://www.fairtrade.net)  
[www.ethicaltrade.org](http://www.ethicaltrade.org)

GNÌOMH 6 a' leantainn

## SGRÙDAIDHEAN CÙISE



## Sgrùdadh cùise 1: Maryam

Nuair a bhàsaich piuthar-chàraid Maryam às dèidh dol fo ghearradh bhall-feise\* agus i dol a bhith air a pòsadh an aghaidh a toil, dhiùlt Maryam gèilleadh ris an aon làimhseachadh agus chuir a teaghlach cùl rithe. Chaidh Maryam a ruagadh bhon an dachaigh agus a fàgail gun dìon. Thachair fear rithe a gheall foghlam dhi ann an Sasainn, ach is e bh' ann ach neach-malairt cloinne. Chaidh a toirt a Lunnainn agus a glasadh ann an rùm fo thalamh far na dh'fhuiling i beatha mar shiùrsach, air a h-èigneachadh uair is uair a-rithist. Cha robh i ach 13 bliadhna a dh'aois.

Sia bliadhna às dèidh sin chaidh a leigeil ma sgaoil bhon phrìosan aice, (is dòcha gu robh i ro 'aosta' airson an luchd-ceannaich) agus chaidh pàipearan fallsa a thoirt dhi. Dh'fheuch i ris an dùthaich fhàgail ach chaidh a cur an grèim agus a dìteadh airson 'pàipearan fallsa a bhith aice'. Rinn i binn prìosain 10 mìosan agus tha i a-nis beò fo bhagairt gun tèid a ruagadh bhon RA. Gu ruige seo, cha deach dad a dhèanamh an aghaidh an fhir a rinn malairt oirre.

\* Is e gearradh bhall-feise ('female circumcision') nuair a tha na buill-feise taobh a-muigh aig boireannach gan gearradh a-mach uile gu lèir no ann am pàirt, air adhbhar cultair, creideimh no adhbhar eile nach buin ri leigheas. Glè thrìc thèid an gearradh a dhèanamh le siosar no sgian nach eil glan, agus faodaidh e cron eagalach a dhèanamh air inntinn agus corp. Bidh cuid de chlann-nighean a' bàsachadh tro dhòrtadh agus call fala. Thathas den bheachd gun do rinneadh gearradh bhall-feise air eadar 100 agus 140 millean nighean is boireannach san t-saoghal (Buidheann Slàinte an t-Saoghail).

## Sgrùdadh cùise 2: Adina

Nuair a chaochail a pàrantan, fhuair Adina obair air stàile margaidh ann an Kampala, Uganda. Aon latha thuir an tè a bha a' ruith na stàile rithe a dhol còmhla ri dithis fhear. Thuir i gu robh iad ga toirt a dh'fhuireach thall thairis, far am biodh i sàbhailte agus far an deidheadh i don sgoil. Chaidh Adina a chur air plèan don RA. Choinnich duine i aig a' phort-adhair nuair a ràinig i, thug e i gu taigh agus ghlas e i anns a' chidsin. Airson dà bhliadhna, bha aig Adina ri fuireach anns an rùm seo. Nan robh i airson coimhead a-mach air an uinneig bha aice ri seasamh air sèithear far am b' urrainn dhi garradh fhaicinn. Cha robh càil a dh'fhios aice càite an robh i. B' e 'obair' Adina a bhith a' còcaireachd agus a' glanadh airson an 'neach-seilbh' aice. An ceann greis thàinig dàrna fear a dh'fhuireach san taigh.

Às dèidh beagan mhiosan chaidh an droch làimhseachadh am mìosad nuair a chaidh a toirt suas an staidhre agus a h-èigneachadh. Mu dheireadh thall fhuair i air teicheadh nuair a thuit aon de na fir na chadal leis an deoch agus a dhìochuimhnich e doras a' chidsin a ghlasadh. Dhùisg e agus chaidh e às a dèidh ach chaidh i air falach ann an dìg. Mu dheireadh fhuair i air stad a chur air càr. Dh' fhàg tràibhear a' chàir i aig Stèisean Poileis Marylebone ann an Lunnainn.



## GNÌOMH 6 a' leantainn

### Sgrùdadh cùise 3: Jin Lai

Ann an Roinn de Shìona air a bheil Fujian bidh mòran theaghlaichean a' toirt seachad an cuid cloinne – gu h-àraid balaich – gu na gràisgean 'ceann-nathrach'. Is e luchd-malairt dhaoine a tha seo a bhios a' gealltainn na balaich a thoirt gu beatha ùr ann an dùthaich ùr. Tha prìs an cuid 'sheirbheisean' àrd – chan eil sùim £20,000 às an àbhaist. Chan eil an uiread airgid sin aig na teaghlaichean ann agus feumaidh an leanabh obair gus na fiachan a phàigheadh air ais nuair a tha e san dùthaich ùr. Glè thrìc, mura tèid na fiachan a phàigheadh thèid maoidheadh air an teaghlach. Is e 'tràilleachd fhiachan' a th' air an t-seòrsa tràilleachd seo.

Chaidh Jin Lai a thoirt gu stèisean poileis ann an Kent le cuideigin a bha a' fuireach faisg air an àite far an robh e a' cadal air an t-sràid. Cha robh Beurla aige, ach cha robh am poileas fada a' faighinn a-mach gu robh Sìonais Mandarin aige. Chuir iad a dh'iarraidh eadar-theangair bho Sheirbheisean In-imrich agus Sòisealta. Ged nach robh pàipearan sam bith aige, dh'innis Jin Lai gu robh e à Roinn Fujian ann an Sìona agus gu robh e 16 bliadhna a dh'aois.

Chuir na seirbheisean sòisealta Jin Lai ann an dachaigh-altraim ach an ceann beagan làithean thòisich grunn fhear a' fònadh ag ràdh gu robh iad càirdeach dha agus ag iarraidh a thighinn a chèilidh air. Cha do dh'innis am pàrant-altraim seòladh a' bhalaich agus chuireadh fios air seirbheisean sòisealta Kent. Fhuair luchd-obrach sòisealta tromhe gu fòn-làimhe aon de na fir a bha a' cumail a-mach gur e uncal Jin Lai a bh' ann, ach chan innseadh an duine dhaibh an seòladh aige.

Mu dheireadh dh'aidich Lai gu robh e air a bhith a' fuireach agus ag obair ann an taigh-bidh. Bha aige ri obair seachd làithean san t-seachdain agus cadal ann an rum-cadail mòr le fir Sìonach eile. Bha e air teicheadh bhon taigh-bidh agus air tòiseachadh a' cadal air an t-sràid. Seo far na lorgadh e. Thuirt e nach robh e airson innse dè na fiachan a bh' aig a' theaghlach ri phàigheadh air ais do na daoine a thug don RA e. Chaidh Lai a ghluasad gu dachaigh-altraim ùr agus dh'aontaich e gun innse don luchd-mhalairt aige càite an robh e.

### Sgrùdadh cùise 4: Theo

Bha Theo air aon de 54 neach-falbhainn Roma às a' Ghreug, 10 boireannaich nam measg, a chaidh a shàbhaladh bho thuathanas fhùraichean ann am Penzance sa Chòrn. Bha 'luchd-rèiteach' ionadail air £34 san latha fhaighinn bhuapa, a' gealltainn cosgaisean, biadh agus 'àite-còmhnaidh ceart' dhaibh cho math ri cead an obair fhàgail mura robh e a' còrdadh riutha.

An àite sin, bha aca ri fuireach ann an sabhal gun teas no uisge ceart. Is e canastairean biadh coin a bh' aca ri ithe. Bha an fheadhainn a bha a' faighinn pàigheadh idir a' cosnadh sia sgillinn gach bad dusan flùr a thog iad mar phàirt de obair lus a' chrom-chinn as fhiach £50m sa bhliadhna. Ach, dhiùlt am 'maighstir-buidhne' cuid a dhaoine eile a phàigheadh, ag ràdh gu robh fiachan aige orra airson na chosg e gan toirt às a' Ghreug. Nuair a dh'fheuch iad ri teicheadh chuir am maighstir-buidhne burraidhean às an dèidh a dhochainn iad.



## GNÌOMH 6 a' leantainn

le batan agus a mhaoidh orra le gunna airson an cumail ris an obair. Mu dheireadh thall fhuair iad air falbh. Chaidh na lusan crom-chinn a sholarachadh do mhòr-mhargaidhean san RA.

### Sgrùdadh cùise 5: Danielle

Chaidh Danielle a mhalairt à Lituàinia aig aois 15. Thuir i gu robh i, gu ruige seo, dòigheil còmhla ri a teaghlach 's a caraidean. Chuir boireannach air nach robh i eòlach fios air tè de na caraidean aice, a' tabhann obair ann am bàr dhi ann an Lunnainn fad làithean-saora an t-samhraidh. Dh'iarr a caraid air Danielle a dhol còmhla rithe, agus dh'aontaich i airson gu robh i ag iarraidh beagan a bharrachd airgid. Chaidh iarraidh air Danielle siubhal don RA còmhla ri duine.

Choinnich fir Albàinianach Danielle agus a caraid air a' phort-adhair agus boireannach Liotuàinianach a thug seachad £3,500 don duine a bha air siubhal còmhla ris na caileagan. Thuig Danielle an uair sin gun deach a reic agus bha i ag iarraidh teicheadh, ach cha robh i eòlach air duine ann an Sasainn agus cha robh Beurla aice.

Chaidh a toirt a Bhirmingham agus chaidh innse dhi gum biodh i a' fuireach ann am flat leis an fhear Albàinianach a bha air a ceannach. Dh'èignich e i iomadh turas, dhochainn e i agus an uair sin chuir e ann an taigh-siùrsachd i far tuirt e gum biodh aice ri bhith ri feise leis an luchd-ceannaich. Bha cus eagail air Danielle diùltadh. Thug aon de na caileagan eile a bha ag obair an sin sgiorta ghoirid agus lèine iosal dhi agus thuir i rithe gu robh aice rin caitheamh. 'Na smaoinich air feuchainn ri faighinn air falbh,' thuir i. 'Ge bith càite bheil thu, gheibh iad grèim ort.'

B' e fir Shasannach a bha a' caitheamh nan seirbheisean. Tha i den bheachd gu robh fios aca glè mhath gu robh i an èiginn ach cha do dh'fheuch duine aca ri a cuideachadh. Às dèidh grunn mhiosan ag obair san taigh-siùrsachd fhuair Danielle air falbh nuair a dh'innis i do neach-seilbh an taighe-siùrsachd gu robh i a' dol a-mach don bhùth. Chuir i a dh'iarraidh a' phoileis agus chaidh a cur ann an dachaigh-altraim agus an uair sin a toirt air ais a Liotuàinia.

Tha Danielle a-nis 18 bliadhna a dh'aois agus a' feuchainn ri beatha a thogail as ùr ann am pàirt eile de Liotuàinia le a bràmar. Ach tha eagal oirre gun glac an luchd-malairt i a-rithist. Tha i ag ràdh 'Tha na thachair dhomh air mo bheatha atharrachadh gu siorraidh. Tha mi a' feuchainn ri faighinn seachad air ach tha e uamhasach duilich faighinn seachad air gun deach mo reic.'

# A' GHAIM CHOITCHEANN AIR CÒIRICHEAN A' CHINNE-DAONNA (1948)

(Tionndadh na h-òigridh)



- 1 Rugadh sinn uile saor. Tha ar beachdan is smuaintean fhèin againn. Bu chòir dhuinn uile an aon dèiligeadh fhaighinn.
- 2 Tha na còirichean seo a' buntainn ris a h-uile duine; ge bith a bheil sinn beartach no bochd, ge bith dè an dùthaich sa bheil sinn, ge bith dè ar gnè no dath ar craicinn, dè an cànan a bhruidhneas sinn, dè ar beachdan no ar creideamh.
- 3 Tha còir againn uile air beatha, agus a bhith beò saor agus sàbhailte.
- 4 Chan eil còir aig duine sam bith tràill a dhèanamh dhinn. Chan eil còir againne tràill a dhèanamh de dhuine sam bith eile.
- 5 Chan eil còir aig duine ar goirteachadh no ar cur gu cràdh.
- 6 Tha an aon chòir againn uile an lagh a chleachdadh.
- 7 Tha an lagh co-ionnan airson a h-uile duine. Feumaidh e a bhith cothromach don h-uile duine againn.
- 8 Faodaidh sinn uile iarraidh air an lagh ar cuideachadh nuair nach eil sinn a' fhaighinn dèiligeadh cothromach.
- 9 Chan eil còir aig duine ar cur don phrìosan gun deagh adhbhar, ar cumail an sin no ar fuadach bhon dùthaich againn fhìn.
- 10 Ma dh'fheumas sinn cùirt a sheasamh, feumaidh sin a bhith air beulaibh an t-sluaigh. Cha bu chòir dhan fheadhainn a tha os cionn gnothach na cùirte leigeil le duine eile innse dhaibh dè nì iad.
- 11 Cha bu chòir cor a chur air duine agus an tèid a dhearbhadh. Ma chanas daoine gun do rinn sinn rudeigin dona tha còir againn cothrom fhaighinn sealltainn nach eil sin fìor. Cha bu chòir do dhuine ar peanasachadh airson rud nach do rinn sinn, no airson rud a dhèanamh nach robh an aghaidh an lagh nuair a rinn sinn e.
- 12 Cha bu chòir do dhuine feuchainn ri ar deagh chliù a mhilleadh. Chan eil a' chòir aig duine a thighinn a-steach don dachaigh againn, ar post fhosgladh no dragh a chur oirnn no ar teaghlach gun fìor dheagh adhbhar.
- 13 Tha a' chòir againn uile a dhol gu àite sam bith san dùthaich againn fhìn agus siubhal thall thairis ma thogras sinn.
- 14 Ma tha eagal oirnn gu faigh sinn droch làimhseachadh san dùthaich againn fhìn tha a' chòir againn ruith air falbh do dhùthaich far am bi sinn sàbhailte.
- 15 Tha a' chòir againn uile buntainn ri dùthaich air choireigin.
- 16 Tha a' chòir aig a h-uile inbheach pòsadh agus teaghlach a bhith aca ma thogras iad. Tha na h-aon chòirichean aig fir is boireannaich nuair a tha iad pòsta agus nuair a tha iad dealaichte.
- 17 Tha a' chòir aig a h-uile duine sealbh a bhith aca air stuth no an stuth aca a roinneadh. Cha bu chòir duine ar stuth a thoirt bhuan gun deagh adhbhar.
- 18 Tha a' chòir againn uile creidsinn na tha sinn ag iarraidh creidsinn, creideamh a bhith againn, agus ar creideamh atharrachadh ma thogras sinn.
- 19 Tha a' chòir againn uile ar n-inntinn fhèin a dhèanamh an-àirde, smaoineachadh na thogras sinn, cantainn na thogras sinn agus ar beachdan a roinneadh le daoine eile, ge bith càite bheil iad a' fuireach, tro leabhraichean, rèidio, telebhisean agus ann an dòighean eile.
- 20 Tha a' chòir againn uile ar caraidean a choinneachadh agus obair còmhla ann an sìth airson ar còirichean a dhìon. Chan fhaod duine toirt oirnn a dhol nar ball de bhuidheann mura h-eil sinn ag iarraidh.
- 21 Tha a' chòir againn uile pàirt a ghabhail ann an riaghaltas ar dùthcha. Bu chòir a h-uile inbheach cothrom fhaighinn an luchd-riaghlaidh fhèin a thaghadh bho àm gu àm agus bhòt diomhair a bhith aca.
- 22 Tha a' chòir againn uile air dachaigh, airgead gu leòr airson ar cumail beò agus cùram slàinte nuair a tha sinn tinn. Bu chòir dhuinn uile cothrom fhaighinn tlachd a thoirt à ceòl, ealan, obair-làimhe, spòrs agus ar sgilean a chur gu feum.
- 23 Tha a' chòir aig a h-uile inbheach air obair, pàigheadh reusanta airson na h-obrach aca, agus a bhith ann an aonadh-ciùird.
- 24 Tha a' chòir againn uile air fois bho obair agus ar n-anail a leigeil.
- 25 Tha a' chòir againn uile air deagh bheatha, le biadh, aodach, taigheadas agus cùram slàinte freagarrach. Tha còir aig boireannaich le clann, daoine gun obair, seann daoine agus daoine ciarramach air cuideachadh.
- 26 Tha a' chòir againn uile air foghlam, agus crìoch a chur air a' bhun-sgoil, a bu chòir a bhith an-asgaidh. Bu chòir dhuinn cothrom fhaighinn air dreuchd a thoirt a-mach, no ar sgilean uile a chur gu feum. Bu chòir dhuinn ionnsachadh mu na Dùthchannan Aonaichte agus ciamar a bhios sinn rèidh le daoine eile agus a' toirt urram do na beachdan aca. Tha a' chòir aig ar pàrantan taghadh ciamar agus dè a dh'ionnsaicheas sinn.
- 27 Tha a' chòir againn uile air ar dòigh-beatha fhèin, agus tlachd a thoirt às na rudan matha a bheir saidheans agus foghlam dhuinn.
- 28 Tha a' chòir againn air sìth agus òrdugh gus am meal sinn còirichean agus saorsa anns an dùthaich againn fhèin agus air feadh an t-saoghail.
- 29 Tha dleastanas oirnn a thaobh dhaoine eile, agus bu chòir dhuinn na còirichean is an t-saorsa acasan a dhìon.
- 30 Chan fhaod duine na còirichean agus an t-saorsa seo a thoirt bhuan.